

18 MODH-OBRACH ATH-THAGRADH MEASAIÐH

RO-RÀDH AGUS SGÒP

- 18.1 Tha na modhan-obrach seo airson dòigh-obrach a libhrigeadh a tha cothromach, so-ruigsinneach, agus a bheir ùine do dh'oileanaich ath-sgrùdadh air measadh an oilthigh iarraidh, far a bheil adhbhar ann air a shon.
- 18.2 Tha na modhan-obrach seo freagarrach airson gach oileanach ann am foghlam aig àrd ìre, cho math ris an fheadhainn a tha air an clàradh air prògraman a leanas gu teastanasan SQA agus buidhnean duaiseachaidh eile, agus oileanaich-rannsachaidh aig ìre for-cheum. Gheibh gach oileanach fiosrachadh aig àm inntrigidh air an dòigh a bu chòir ath-thagrach a dhèanamh.
- 18.3 Tha cead aig oileanaich ath-thagrach a dhèanamh an aghaidh co-dhùnadh buidheann-measaidh acadaimigeach, a tha ùghdaraichte co-dhùnайдhean a dhèanamh air adhartas, measadh, agus duaisean nan oileanach, ie bòrd adhartais, bòrd luchd-sgrùdaidh no Comataidh Ceumanan Rannsachaidh. Feumaidh adhbhar reusanta a bhith aig oileanach airson ath-thagrach iarraidh. (Earrann 18.10 gu h-ìosal).
- 18.4 Tha co-dhùnайдhean measaidh a thaobh an SQA (no buidhnean duaiseachaidh eile) an urra ri modhan dearbhaidh taobh a-staigh agus faodaidh iad a bhith air an dearbhadh on taobh a-muigh. 'S ann aig a' bhuidhean dhuaiseachaidh bhuntainneach a tha am facal mu dhereadh a thaobh builean measaidh.
- 18.5 Faodaidh oileanaich a chumail orra leis a' phrogram ionnsachaidh aca gun mhì-leas dhaibh, agus gun chlaon-bhreith a thaobh toradh an ath-thagraidh. Faodaidh iad goireasan agus seirbheisean an oilthigh agus an HAP a chleachdadhecho fad 's a tha an t-ath-thagrach aca a' dol air adhart. Ach, chan urrainn do dh'oileanach a tha air ath-thagrach a dhèanamh a cheumnachadh gus am bi pròiseas an ath-thagraidh seachad.
- 18.6 Faodaidh luchd-tagraighean ath-thagrach a dhèanamh an aghaidh co-dhùnadh measaidh a tha a' buntainn ri inntrigeadh do phrògram no do dh'Aithneachadh Ro-ionnsachaidh tron t-siostam ath-thagraidh, a-mhàin air a bhunait aimichte gu h-ìosal ge-tà.
- 18.7 Faodaidh oileanaich a tha a' smaoineachadh gu bheil adhbhar aca airson ath-thagrach a dhèanamh, comhairle agus stiùireadh a shireadh bho chomann nan oileach aca. Bu chòir dhaibh seo a dhèanamh cho tràth 's a b' urrainn.
- 18.8 Chan eil ceangal aig na modhan-obrach seo ri co-dhùnайдhean a bha air an dèanamh tro phròiseasan eile an oilthigh, mar mhodhan smachdachaideh neo-acadaimigeach, no mì-ghiùlan ann am modhan-obrach acadaimigeach, no modhan-obrach air an ruith le no còmhla ri buidhnean proifeasant buntainneach, no reachdail, no riaghlaidh, leithid phròiseasan iomchaidheachd.
- 18.9 Chan eil na modhan-obrach seo a' gabhail a-steach gearanan oileanach. Tha an dòigh airson ghearanan a làimhseachadh aig <https://www.uhi.ac.uk/complaints>.

ADHBHARAN-TAGRAIDH

- 18.10 Cha tèid gabhail ri ath-thagraidhean an-aghaidh co-dhùnadh buidheann-measaidh acadaimigeach ach airson aon no barrachd de na h-adhbharan a leanas:

- a. gun robh na fhuair oileanach na b' isle air sgàth tinneas no adhbharan eile nach robh comasach dhaibh innse no nach robh iad, le deagh adhbhar, airson innse ro choinneamh a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich. Feumaidh fianais sgrìobhte a bhith an lùib an ath-thagraidh, agus feumaidh e an t-àrd-mhanaidsear, a choimheadas air an ath-thagraidh an toiseach, a riarrachadh. (Faic Earrann 18.13 gu h-ìosal)
- b. gu bheil fianais ann gun deach mearachd bhunaiteach a dhèanamh a thaobh rianachd no nach deach measadh a làimhseachadh a rèir modhan-obrach agus riaghailtean an oilthigh.
- c. gu bheil fianais ann gun robh claon-bhreith no claon-bharail no measadh mì-iomchaidh / uireasbhaidheach ann air taobh neach-sgrùdaidh sam bith (oileanaich PGR a-mhain).
- 18.11 Cha tèid gabhail ri ath-thagraidhean a bhios a' cur teagamh ann am breith acadaimigich neach-obrach no buidheann-measaith acadaimigeach.
- 18.12 Anns a' chumantas cha tèid gabhail ri ath-thagraidhean treas-phartaidh.
- ## MODH-OBRACH THAGRAIDHEAN
- ### Ìre 1 – Modh-obrach Neo-fhoirmeil
- 18.13 Ma tha oileanach a' smaoineachadh gu bheil bun-adhbhar aca ath-thagraidh a dhèanamh an aghaidh toradh buidheann-measadh acadaimigeach, bu chòir dhaibh bruidhinn, anns a' chiad àite, ris an neach-obrach as iomchaidh anns an HAP aca. Is cinnteach gur e sin an t-òraide, no an Taoitear Acadaimigeach Pearsanta, no stiùiriche a' phrògram, no Stiùiriche a' Chùrsa Fhoghlaim aca (airson nan oileanach PDR). Bu chòir dhaibh seo a dhèanamh taobh a-staigh deich latha an dèidh dhaibh toradh a' mheasaidh fhaighinn.
- ### Ìre 2 – Modh-obrach Foirmeil
- 18.14 Mur tèid dèligeadh ris a' ghnothach tron mhodh-obrach neo-fhoirmeil, bu chòir oileanach a tha airson ath-thagraidh a dhèanamh seo a chur ann an sgrìobhadh, a' mìneachadh nan adhbhar airson an ath-thagraidh, agus a' dearbhadh seo le fianais sgrìobhte a thèid ann am *proforma* ath-thagraidh. Bu chòir seo a chur dhan àrd-mhanaidsear as iomchaidh ann an HAP an oileanaich (gheibh oilleanach ainm agus fiosrachadh dàlach aig àm inntrigidh) agus taobh a-staigh 15 latha bhon àm a fhuair an t-oileanach toradh a' mheasaidh.
- 18.15 Leigidh an t-àrd-mhanaidsear fios dhan oileanach anns a' bhad gun d' fhuaradh an t-ath-thagraidh. An uair sin, anns a' chumantas taobh a-staigh deich latha, breithnichidh an t-àrd-mhanaidsear air bun-adhbhar an ath-thagraidh, air an fhianais-sgrìobhte a chaidh a chur. Thèid co-dhùnad a dhèanamh a bheil cùis *prima facie* ann far am faod an tagradh a dhol gu cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich, a rinn an co-dhùnad a thaobh a' mheasaidh sa chiad àite. Feumaidh an t-àrd-mhanaidsear a làimhsicheas an t-ath-thagraidh a bhith na neach nach do ghabh gnothach ris a' chiad cho-dhùnad a thaobh a' mheasaidh. Gheibh an t-oileanach fios, anns a' chumantas, taobh a-staigh còig latha on àm a bhios an co-dhùnad air a dhèanamh.
- 18.16 Ma thig an t-àrd-mhanaidsear dhan cho-dhùnad nach eil cùis *prima facie* ann, agus ma tha an t-oileanach mì-thoilichte le seo, faodaidh an t-oileanach ath-thagraidh a dhèanamh a thèid dìreach gu cathraiche na Comhairle Acadaimigich (**Ìre 3**), air an àbhaist taobh a-staigh deich latha obrach. Ma thig an t-àrd-mhanaidsear dhan cho-dhùnad gu bheil cùis *prima facie* ann, bidh an gnothach air a chur gu cathraiche a' buidhinn-mheasaidh acadamaigich airson ath-sgrùdadadh.
- 18.17 Tha ùghdarris aig cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadamaigich ath-

bhreithneachadh a dhèanamh air seasamh a' chiad mheasaidh air sgàth an fiosrachaидh ùir a bha air a lìbhrigeadh mar bhun-adhbhar an ath-thagraidh. Tha còir aige a radh am bu chòir gabhail ris an ath-thagraidh no nach bu chòir, taobh a-staigh deich latha air an abhaist. Faodaidh an cathraiche comhairle a ghabhail bho bhuill bhuntainneach, luchd-sgrùdaidh on taobh a-muigh (chan fheum seo a dhèanamh), no faodaidh e coinneamh den bhuidheann-mheasaidh acadaimigeach shlàn a ghairm.

- 18.18 Innsidh cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich dhan àrd-mhanaidsear a fhuair an t-ath-thagraidh sa chiad àite co-dhùnadha na cùise. Innsidh an t-àrd-mhanaidsear mun bhreithneachadh dhan oileanach, cuide ri fiosrachadh air mar a bha an t-ath-thagraidh air a rannsachadh. Bidh an co-dhùnadha, agus fiosrachadh sam bith cuide ris, air aithris gu foirmeil dhan ath choinneamh den bhuidheann-mheasaidh acadaimigeach, agus thèid lethbhreac do Dheadhan nan Oileanach airson adhbharan sgrùdadadh instiuideach agus leasachaidh.
- 18.19 Ma tha an t-oileanach mì-thoilichte leis a' bhreitheachadh a bha air aithris aig Earrann 18.8, faodaidh iad ath-thagraidh a dhèanamh a thèid dìreach gu cathraiche na Comhairle Acadaimigich (Ire 3), air an àbhaist taobh a-staigh deich latha. Feumaidh an t-ath-thagraidh a bhith ann an sgrìobhadh, agus ag innse Carson a tha an t-oileanach a' creidsinn gum bu chòir coimhead air a bhreithneachadh a-rithist.

Ire 3 – Tagradh do Chathraiche na Comhairle Acadaimigich

- 18.20 Air fios mu ath-thagraidh bho Ìre 2 fhaighinn, bheir cathraiche na Comhairle Acadaimigich (no neach eile a thèid ainmeachadh) a' chùis gu Deadhan nan Oileanach, a nì ath-bhreithneachadh air iarrtas an oilleanaich; am fianais a chaidh a chruinneachadh aig Ìre 2 agus a tha anns an fhaidhle mun chùis; agus fianais sam bith eile a chaidh a thaigtsinn.
- 18.21 Bhiodh e air sùileachadh bho oileanach gun lìbhrigeadh iad fiosrachadh ùr, no fianais gun robh modh-obrach mì-riaghailteach ann, no claoen-bhreith mar adhbhar airson ath-sgrùdadadh ùr a shireadh mu thoradh Ìre 2.
- 18.22 Ma ghabhas Deadhan nan Oileanach ris gu bheil bun-adhbharan reusanta aig oileanach ath-sgrùdadadh air toradh Ìre 2 iarraidh, faodaidh an Deadhan:
- (i) An t-ath-thagraidh a chur gu cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh, mur deach seo a dhèanamh mu thràth, no
 - (ii) Panail tagraigdh a ghairm ma tha èisteachd airson an ath-thagraidh air a bhith ann aig Ìre 2 agus nach deach gabhail ris. Air an àbhaist thèid a' phanail tagraigdh a ghairm taobh a-staigh trithead latha-obrach. Tha gach conaltradh ris na h-oileanaich, ri buill na panail agus ri neach sam bith eile aig a bheil gnothach ris an tagradh an urra ri Deadhan nan Oileanach, an dà chuid ro agus an dèidh èisteachd panail tagraigdh. Cha bhi Deadhan nan Oileanach a' suidhe air a' phanail, no a' dèanamh ath-sgrùdadadh air an fhianais a thèid dhan phanail.
- 18.23 Mur gabh Deadhan nan Oileanach ris gu bheil bun-adhbhar reusanta aig an oileanach ath-sgrùdadadh iarraidh air toradh Ìre 2, thèid fios sgrìobhete a chur dhan oileanach mun cho-dhùnadha seo, agus na h-adhbharan air a shon.

BALLRACHD AGUS RAON-ÙGHDARRAIS PANAIL TAGRAIDH

- 18.24 Às leth na Comhairle Acadaimigich, tha ùghdarris aig a' phanail thagraidh beachdachadh agus thighinn gu co-dhùnadha air tagraighean a tha an aghaidh co-dhùnaidhean measaidh nach deach rèiteachadh tro Ìre 2 den phròiseas tagraigdh.

- 18.25 Tha ùghdarris aig panail tagraidh co-dhùnadh buidheann-measaith acadaimigeach a dhearbhadh no a dh'atharrachadh no a chur às ma gabhas iad ris an tagradh. Tha an t-ùghdarris seo a' toirt a-steach comharraighean airson mhodalan, buil co-dhùnadh adhartas PGR no measadh viva, buileachadh no rangachadh duais, cead a għluasad air adhart air prògram, fàilleadh no a thoirmis /no a tharraing bho phrògram air adhbharan acadaimigeach.
- 18.26 Far an tèid le tagradh, faodaidh panail tagraidh dearbhadh, *inter alia*, gu bheil còir aig an oileanach a għluasad air adhart air prògram ionnsachaidh agus/no a bhith air ath-mheasadh a rèir cumha sam bith a thèid aontachadh, far a bheil seo a chum leas an oileanach agus a tha a' glèidheadh shlatan-tomhais acadaimigeach. Tha na cumhachan seo air chūmhñant 's gum bi am prògram a' leantainn air adhart agus fhathast ri fhaighinn ann an cruth freagarrach.
- 18.27 Bidh anns a' phanail tagraidh luchd aig nach robh gnothach ris a' chūis ro làimh:
- cathraiche na Comhairle Acadaimigich (no neach a thèid ainmeachadh à ballrachd na Comhairle Acadaimigich, agus bidh seo air an àbhaist Deadhan Dàmh aig nach robh gnothach ri lìre 2, no larr-phrionnsapal (Rannsachadh agus Buaidh))
 - dithis àrd luchd-obrach
 - ceann-suidhe comann nan oileanach, no neach a thèid ainmeachadh
 - oifigear agus clàrc don phannal, air ainmeachadh le Deadhan nan Oileanach.
- 18.28 Mur a tig panail tagraidh gu aonta ionlan air am bu chòir ath-thagrachd a cheadachadh no a dhiùltadh, thig iad gu co-dhùnadh tro bhòtaichean na mòr-chuid. Ma tha a' phanail tagraidh co-ionann air gach taobh a thaobh bhòtaichean, bidh bhòt rèitich aig a' chathraiche. Tha co-dhùnadh na panail tagraidh deireannach.
- 18.29 Cuiridh Deadhan nan Oileanach fios sgrìobhte mu thoradh na h-èisteachd dhan oileanach taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh dhan èisteachd a bhith ann.
- 18.30 Bidh e an urra ri Deadhan nan Oileanach dèanamh cinnteach gun tèid toradh na panail tagraidh innse do gach luchd-obrach buntainneach agus gun tèid a chur an gniomh gu ceart.

MODHAN-OBRACH PANAIL ÈISTEACHD ATH-THAGRAIDH

- 18.31 Gheibh buill na panail tagraidh am fiosrachadh a leanas co-dhiù còig latha-obrach ro latha na h-èisteachd:
- proforma* ath-thagraidh an oilleanaich agus fiosrachadh taic
 - toradh a' chiad rannsachaidh a rinn an t-àrd-mhanaidsear, buil lìre 2 den mhodh ath-thagraidh, agus sgrìobhanan sam bith eile a' buntainn dhan chūis, mar as ionchaidh
 - aithris sam bith a thàinig bho chathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich bhuntainnich
 - toraidhean gach oileanach a rinn am measadh (far a bheil seo ionchaidh)
 - riaghailtean measaith a' phrògram (ma tha iad sin eadar-dhealaichte bho na riaghailtean acadaimigeach riaghailteach).
- 18.32 Cha tèid gabhal ri fianais sgrìobhte a tha air a lìbhrigeadh air latha na h-èisteachd, anns a' chumantas.
- 18.33 Tha cumhachd aig a' phanail mheasaidh iarraidh air neach-obrach sam bith a bhith an làthair, air chumha 's gu bheil ùine reusanta air a bhith air a thoirt seachad airson nochdad, agus gus coimhead air clàran no fiosrachadh sam bith a tha iad den bheachd

a tha riatanach airson an obair aca a choileanadh.

- 18.34 Tha cathraiche a' phanail thagraidh, ann an co-chonaltradh le buill eile den phanail mheasaidh, an urra ri gnothaichean a stiùireadh aig an èisteachd. A rèir an t-suidheachaidh, faodaidh na buidhnean anns an tagradh a' nochdadhbh fhathast (anns an òrdugh a tha air a mheas iomchaidh) no faodaidh iad a' nochdadhbh còmhla. Air an àbhaist iarraidh a' phanail mheasaidh air an oileanach, luchd-obrach buntainneach, agus luchd-fianais, an èisteachd fhàgail mus cnuasaich iad air cùisean agus mus tig iad gu co-dhùnadh.

CÒIRICHEAN NAN OILEANACH

- 18.35 Tha còir aig an oileanach an èisteachd a fhrithealadh, agus gheibh iad fios sgrìobhte mun latha agus mun àite, agus na còirichean aca a rèir modh ath-thagraidh, co-dhiù deich latha ron èisteachd.
- 18.36 Chan feum an t-oileanach a dhol dhan èisteachd. Ge-tà, bu chòir fios a bhith aig an oileanach mur a nochd iad (gun deagh adhbhar), caillidh iad an cothrom a' chùis aca a lìbhrigeadh dhan phanail.
- 18.37 Ron èisteachd gheibh an t-oileanach gach pàipear a gheibh buill na panail tagraidh, ach na pàipearan sin a tha an cathraiche a' meas diòmhair dhan phanail thagraidh.
- 18.38 Tha còir aig an oileanach agus neach sam bith ainmichte anns an tagradh a bhith an làthair agus èisteachd fhaighinn aig a' phanail thagraidh, agus faodaidh gach neach ma thogras iad caraid no riochdaire bho chomann nan oileanach a thoirt leotha. Fon mhodh-obrach seo chan eil am facial 'caraid' a' ciallachadh neach-lagha air a thoirt an làthair gu proifeasanta.
- 18.39 Bidh spèis air a thoirt do phrìobhaideachas agus fo-rùnachd nan oileanach, cho fad 's as urrainn. Gidheadh, mur eil e air aithris, theid a thuigsinn gu bheil oilleanaich a' toirt cead dhan phanail thagraidh fiosrachadh sam bith a chleachdadhbh. Ma tha oileanach airson gum fuireach rud diòmhair, feumaidh iad seo aithris nuair a bhios iad a' cur an tagradh aca a-steach. Ann an sudheachadh mar seo, dh'fhaodadh nach biodh e comasach beachdadhbh air an tagradh gu h-iomlan.

CÒIRICHEAN LUCHD-OBRACH

- 18.40 Tha còir aig an neach-obrach no aig cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich a rinn co-dhùnadh a bhios air a sgrùdadhbh, aithris a chur a-steach ro èisteachd a' phanail thagraidh.
- 18.41 Tha còir aig an neach-obrach no aig a' bhuidheann-mheasaidh bhuntainneach a bhith air a riochdachadh aig a' phanail èisteachd. Tha e an urra ri cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich a thaghadh cò a riochdachas am buidheann-measaidh acadaimigeach aig an èisteachd.

TORADH A' PHANAIL MHEASAIHD

- 18.42 Tha e an urra ri Deadhan nan Oileanach litir 'modhan-obrach coileanta' a thoirt dhan oileanach, no buidhnean buntainneach eile, taobh a-staigh còig latha-obrach an déidh na h-èisteachd. Ann an litir bidh aithris shoilleir a' daingneachadh gu bheil modh-ath-thagraidh a-staigh crìochnaichte; dè an co-dhùnadh a tha ann; agus na h-adhbharan

airson a' cho-dhùnaidh. Bidh fiosrachadh na lùib cuideachd a dh'innseas dè na h-ath cheumannan, mar ciamar agus cuin a bhios ath-mheasadh ann.

- 18.43 Innsidh an litir 'modhan-obrach coileanta' cuideachd dhan oileanach air a' chòir aca ath-thagrach a-muigh a dhèanamh ma tha iad fhathast mì-riaraichte leis an toradh dheireannach no le freagairt an ath-thagraidh aca.
- 18.44 Bidh cunntas na h-èisteachd air a thoirt do bhuill a' phanail thagraidh, dhan oileanach fhèin, agus do na buidhnean buntainneach a bha an sàs, cho math ri cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich bhuntainnich.
- 18.45 Tha cunntas mun èisteachd aig panail thagraidh agus an aithisg fo rùn ach do na buidhnean a bha na lùib.

CÒIR ATH-THAGRACH A-MUIGH

- 18.46 Chan eil còir aig oilleanaich a tha clàraichte air prògraman anns a bheil teastasan neo-riaghlaichte (faic cuideachd 17a.3) SQA (duaisean HNC, HND agus PDA nan lùib) tagradh eile a dhèanamh do SQA.
- 18.47 Tha còir aig oilleanaich, ma tha iad clàraichte air prògraman le teastasanan riaghlaichte (SVQs nan lùib) (faic cuideachd 17a.3) agus a tha air an duaiseachadh le SQA no buidheann duaiseachadh eile, a dhol an sàs anns a' mhodh ath-thagraidh acasan, ach air an àbhaist nuair a tha modh in-tagraigd an oilthigh fhèin air a chaitheamh.
- 18.48 Tha còir a bharrachd aig oilleanaich a tha a' gabhail teastanas riaghlaichte os làimh, tagradh a bharrachd a chur a-steach gu Barantachadh SQA, no Ofqual mar as iomchaidh, nuair a tha iad air modhan ath-thagraidh an oilthigh agus a' bhuidhinn dhuaiseachaidh a chaitheamh.
- 18.49 Tha cothrom a bharrachd aig oilleanaich a dhol do Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba (SPSO) (www.scottishombudsman.org.uk), ma tha iad fhathast mì-riaraichte le toradh an tagraigd no mar a bha e air a làimhseachadh, ach a-mhàin an dèidh dhan dòigh dèiligidh le gearanan aig an oilthigh a chaitheamh. Cnuasachaidh SPSO air gearanan a chaidh a dhèanamh mu fhàlligeadh seirbheis agus mì-rianachd a dh'fhaodadh teagamhan a thogail mu lìbhrigeadh prògram. Chan eil cumhachd aig SPSO car a chur ann an co-dhùnadhbh stèidhichte air breithneachadh acadaimigeach no measadh, ach a-mhàin a bheachdachadh an do dh'fhàillig an oilthigh pròiseas rianachd iomchaidh a leantainn.

AITHRISEADH AGUS SGRÙDADH

- 18.50 Cuiridh Deadhan nan Oileanach geàrr-aithisg bhliadhnaile ri chèile airson na Comhairle Acadaimigich air a' phròiseas thagraidh, a' toirt a-steach gach tagradh a chaidh a dhèanamh, gun aire a thoirt air cuin anns a' phròiseas a chaidh thuasgladh. Faodaidh an aithisg molaidhean a dhèanamh agus beachdan a thoirt seachad air mion-fhiosrachadh no prionnsabalan a dh'èireas bho bhith cnuasachadh air cùisean tagraigd.
- 18.51 Tha e an urra ris a' Chomhairle Acadaimigeach sgrùdadadh agus lèirmheas a dhèanamh gu cunbalach mu cho èifeachdach 's a tha am modh ath-thagraidh, agus cothromam airson leasachadh a chomharrachadh agus deagh-chleachdad a roinn.

SGÈILE-ÙINE AIRSON MODH-OBRACH ATH-THAGRACH MEASAIHD

Ire	Sgèile-ùine	Modh ath-thagraidh	Toradh
1	Taobh a-staigh deich latha-obrach an dèidh brath fhaighinn mu thoradh measaidh	Modh-obrach neo-fhoirmeil Tha an t-oileanach a' feuchainn ris a' ghnothach a rèiteachadh tro chòmhchradh le luchd-obrach buntainneach An tagradh gun rèite	Fuasgladh comasach
2	Taobh a-staigh 15 lathaichean-obrach an dèidh brath fhaighinn mu thoradh measaidh	Modh foirmeil Aig an ire seo, feumaidh an t-oileanach <i>proforma</i> tagraidh a lìbhrigeadh dhan àrd-mhanaidsear, le fianais far a bheil sin iomchaidh. Thèid fios a thoirt seachad anns a' bhad gun d' fhuaradh an tagradh.	
	Taobh a-staigh deich latha-obrach an dèidh brath fhaighinn mu thagradh	Beachdaichidh an t-àrd-mhanaidsear air na h-adhbharan tagraidh agus thig e gu co-dhùnad a bheil cùis <i>prima facie</i> ann no nach eil airson cùis a chur do chathraighe a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich bhuntainnich.	
	Taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh co-dhùnad a' cho-dhùnaidh an àrd-mhanaidseir	Bidh co-dhùnad a' cho-dhùnaidh an àrd-mhanaidseir air a dhaingneachadh dhan oileanach ann an sgriobhadh taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh a' cho-dhùnaidh.	Fuasgladh comasach
		Ma tha an t-àrd-mhanaidseir den bheachd nach eil cùis <i>prima facie</i> ann, agus ma tha an t-oileanach mìriarachte leis a' cho-dhunadh seo, faodaidh iad tagradh a chur gu cathraighe na Comhairle Acadaimigich taobh a-staigh deich latha-obrach	
	Taobh a-staigh deich latha-obrach an dèidh dearbhadh fhaighinn bhon àrd-mhanaidsear mu thagradh	Ma tha cùis <i>prima facie</i> ann, curidh an t-àrd-mhanaidsear an gnothach gu cathraighe a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich, a bheir breith am bu chòir a dhol leis an tagradh no nach bu chòir, a' co-chonaltradh le càch mar as iomchaidh	Fuasgladh comasach

		Innsidh an cathraiche dhan àrd-mhanaidsear mun cho-dhùnad, agus innsidh esan an uairsin dhan oileanach agus bheir e seachad fiosrachadh air mar a chaidh an tagradh a rannsachadh.	
		Ma tha an t-oileanach mì-riaraichte leis a' cho-dhùnad seo, faodaidh iad tagradh a chur gu cathraiche na Comhairle Acadaimigich taobh a-staigh deich latha -obrach.	
3	Taobh a-staigh 30 latha-obrach an dèidh an iarrtais	<p>Panail Ath-thagraidh</p> <p>Iarraidh cathraiche na Comhairle Acadaimigich air Deadhan nan Oileanach a' chùis ath-sgrùdadha ma tha Panail Ath-thagraidh a' dol a bhith air a ghairm.</p> <p>Gheibh an t-oileanach fios sgrìobhte mu cheann-latha agus àite na h-èisteachd agus na còirichean aca, co-dhiù deich latha ron èisteachd.</p>	
	Taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh na h-èisteachd	Cuiridh Deadhan nan Oileanach fios sgrìobhte dhan oileanach mu thoradh na h-èisteachd taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh na h-èisteachd.	Fuasgladh comasach
		Tha còir a bharrachd aig an oileanach ath-thagrachd a chur dhan bhuidheann duaiseachaidh (far nach e UHI a tha ann) airson cuid de na duaisean (faic 18.46-47)	
		Tha còir a bharrachd aig oileanach a tha a' leantainn teisteanas riaghlaichte ath-thagrachd a chur gu Barantachadh SQA, no Ofqual, ma tha sin iomchaidh (faic 18.48)	
		Tha cothrom a bharrachd aig oilleanaich a dhol do Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba, an dèidh fhaicinn gu bheil dòigh làimhseachaidh ghearrannan air a chaitheamh (18.49)	


CLÀR-SRUTHA MODH ATH-THAGRAIDH

ÌRE 1

ÌRE 2

ÌRE 3

Ath-thagradh
a-muigh



Fios: aig ìre sam bith bheir fuasgladh am pròiseas gu crìch.